

# NA DUILLEAGAN GÀIDHLIG

AIR AN CUR A-MACH AN LÙIB | LIFE AND WORK

2021 | 2 | AN T-ÒGMHIOS



## Facal Toisich

Air latha-deasachaidh na h-iris seo de na Duilleagan Gàidhlig, tha a h-uile coltas ann gu bheil feabhas a' tighinn air gnothaichean. Chan ann a-mhàin gu bheil mìosan mosach deireadh a' gheamhraidh seachad agus a' ghrian a' dèarrsadh ach gu bheil bacaidhean a' Choròna-Bhìorais gan lagachadh. Tha seo air tachart ri linn oidhirp mhòr gus a' bhanachdach a libhrigeadh gu daoine air feadh na rioghachd agus co-luadar sòisealta a dhèanamh beagan nas sàbhailte.

Tha fios againn bho na thachair roimhe gum faod cunnart a' bhìorais èirigh nar measg uair eile fhathast agus gum feumar a bhith air ar faiceall. Tha fhathast diofar bhreacaidhean dhen bhìoras ag iadhadh mun cuairt an t-saoghail. Ach nì mòran dhaoine toileachadh nach beag faighinn a-mach o na taighean aca – cuid a' cèilidh air càirdean, cuid a' tadhail dhachaigh, cuid a' falbh a shreap nam beann.

Dh'fhaoidte gu bheil sgeulachd Eliah (1 Rìghrean) a' dèanamh fàileas beag dher linn. Ged nach robh bhìoras no galar gabhailteach a' toirt air falbh à measg nan daoine, bha suidheachadh poiliteagach a' ciallachadh gun robh aig Eliah ri cumail air leth fad ùine mhòr. Anns an sgeulachd, chì sinn mòran de na h-aon faireachdainnean a th' air a bhith oirnn fad a' ghlasaidh – teagmhachd, mulad, ciont. Ach rinn an Tighearna cobhair air Eliah agus chumadh e o chron no call tron ùine sin. An dèidh trì bliadhna fa leth, thill Eliah gu Israel.

Anns an iris seo, gheibhear searmon stèidhichte air Marcas 8:14-21 a' comhairleachadh dhuinn a bhith iriosail nar n-earsba ann an obair an Tighearna. A' crìochnachadh, tha bàrdachd shnasail bhrìoghmhor a' luaidh air na h-eaglaisean aig àm deireadh a' ghlasaidh.

Tha sinn an dòchas gu bheil sibh uile slàn sàbhailte agus ann an deagh shunnd.

Leis gach beannachd,

**Donnchadh Sneddon, Dùn Èideann**  
**Liam Alastair Crouse, Uibhist a Deas**

## Dealbh



© Gordon Hatton fo chead Creative Commons BY-SA 2.0

*'S dòcha gu bheil cuid agaibh air a bhith a' leantainn na h-obrach ionmholta a nì Urra Eaglais Mhicheil anns an Eilean Dhubh. Seo dealbh dhen eaglais air a h-ùrachadh, agus abair diofar. Ron obair-chàraidh, bha an eaglais air a dhol bhuaithe thar grunn linntean. Chaidh an t-urras a stèidheachadh gus cùram a ghabhail dhen eaglais mheadhan-aoiseach. An dèidh dhaibh an eaglais a chàradh, thòisich iad obair-ghlèidhteachais air a' chladh anns a bheil mòran eisimpleirean de sheann leacan snaidhte. Nam measg, tha aon sgrìobhte sa Ghàidhlig. Bha Gàidhlig ga bruidhinn, agus ga cleachdadh ann an seirbheisean eaglais, chun na 19mh linn san sgìre. Tha an leac mar chuimhneachan air fear an aigis, Alasdair Holm, a chaochail ann an 1831. Tha an tuilleadh fiosrachaidh, cho math ri sgeulachd na lice Gàidhlig, ri fhaighinn air an làrach-lìn ([www.kirkmichael.info](http://www.kirkmichael.info)) no air an duilleag Facebook, Kirkmichael Trust, far am bi iad tric a' foillseachadh dhealbhan on obair leantailteach.*

---

# Gàidhlig Shìmplidh

---

Tha sinn uile eòlach air **comharraidhean** an t-samhraidh. Tha an t-sìde blàth agus tha na làithean as fhaide, gu sònraichte aig tuath. As t-earrach, bidh dathan na tìre a' tionndadh gorm is uaine; bidh dathan na tìre nan glòir as t-samhradh. Bidh an talamh **fo bhàrr** cuideachd, le dùil ri deagh fhoghar ann am mìos no dhà eile. Tha na h-atharrachaidhean seo nàdarra is riaghailteach dhuinn.

Rinn Dia cinnteach gum biodh comharraidhean againn air tòiseach agus deireadh nan **ràithean**. Bha E airson gum biodh e soilleir cuin a bu chòir dhuinn sìol a chur agus bàrr a bhuain. **Às aonais** chomharraidhean, bhiodh e doirbh a bhith cinnteach cuin a bu chòir dhuinn na rudan sin a dhèanamh.

Sa Bhìoball, tha Marcas ag innse dhuinn mun **chraoibh-fhìge** (Marcas 13:28). Nuair a nochdas duilleagan **fo bhlàth** air a' chraoibh sin, bidh fios againn gu bheil an samhradh air tighinn. 'S e **cosamhlachd** a tha seo a bhios ag innse dhuinn gu bheil comharraidhean ann airson tòiseach agus deireadh a nochdadh. Bha Dia airson **gun tuigeamaid** gu bheil comharraidhean air rudan eile, **a thuilleadh** air na ràithean. Bidh comharraidhean ann air deireadh na linne – cogadh, crithean-talmhainn, gort. Ach ged a bhios comharraidhean ann air an sgrios seo, cha bhi dùil againn idir ris an uair.

## Beagan taic

Comharraidh (-idhean) – *sign(s)*

Fo bhàrr – *under crops, verdant*

Ràithean – *seasons*

Às aonais – *without*

Craobh-fìge – *fig tree*

Fo bhlàth – *in bloom*

Cosamhlachd – *parable*

Gun tuigeamaid – *that we would understand*

A thuilleadh air – *in addition*

---

# Searmon beag

---

Marcas 8: 14 – 21 agus Mì-thuigse nan Deisciobal


*Agus thuirt e riutha, “Ciamar nach eil sibh a' tuigsinn?” (Marcas 8: 21)*

Chì sinn gu math tric anns na Soisgeulan gun robh amannan ann nuair nach robh deisciobail Ìosa ga thuigsinn gu buileach – no fiù 's idir. A bharrachd air an earrann seo fhèin, bhiodh cuimhne againn uile air mar a bha iad ag argamaid eatorra fhèin mu cò am fear as motha nam measg (Marcas 9: 33 – 35); gun robh iad a' càineadh na feadhna a thàinig dhan Tighearna gus beannachadh fhaighinn dhan chuid chloinne (Marcas 10: 13 – 16); gun robh iad cho slaodach ann a bhith a' tuigsinn na bha Ìosa a' ciallachadh nuair a bha e a' labhairt riutha gu math soilleir agus dìreach mu a bhàis agus aiseirigh fhèin, mar eisimpleir. Ciamar a ghabhas sin a bhith, nuair a bha iad ga leanntainn air feadh na tìre, ag èisteachd ris, a' faicinn na rudan iongantach a rinn e? Ciamar nach do thuig iad na bha a' tachairt fo an comhair?

Ach cha bu chòir dhuinn a bhith ro chruaidh orra. Chaidh ar togail le fios o làithean ar n-òige cò a th' ann an Ìosa, agus sgeulachdan a bhàis agus aiseirigh – tha mi cinnteach gun robh cuid againn a' creidsinn nan rudan sin mus robh sinn gan tuigsinn – ma tha iad rin tuigsinn, gu buileach. Cha robh “an sgeul slàn” aig Eòin agus Anndra agus Peadar agus na deisciobail eile nuair a bha iad ann an teis-mheadhain na sgèoil, agus tha mi cinnteach gun robh na h-atharraichean agus na leasachaidhean gu math doirbh ri thuigsinn dìreach aig an dearbh àm 's a bha iad a' tachairt, nuair a bha iad in media res. Ma dh'fhaoidte gun robh rudan air am falach bhon tuigse mus robh iad deiseil gus an gabhail. Mar sin, cha bu chòir dhuinn bhith ro chruaidh orra.

Ach a bharrachd air a sin, tha leasan ann an sin dhuinn. Chleachd an Tighearna na daoine seo gus rudan iongantach a dhèanamh, fiù 's





mura an robh iad ga thuigsinn gu buileach. Bidh cuid ag ràdh nach do thuig iad brìgh an t-Soisgeul gus an tàinig an Spiorad Naomh orra air Latha na Caingis, agus tha e fìor gun teagamh gun robh an Eaglais a' feuchainn fad linntean fhathast mus robh iad air obrachadh a-mach ann an dòigh a ghabhas tuigsinn agus mìneachadh mun dà nàdar a bha aig Ìosa, no an dàimh a bha ann eadar an t-Athair agus am Mac, no dè a th' anns an Trianaid, ann an da-rìreadh. Ach fiù 's mus robh an tuigse sin aca, bha na h-Abstoil agus na ginealaichean às an dèidh a' searmonachadh facal an Tighearna gu dàna, a' toirt fianais mu Rìoghachd Dhè – agus a' fulang geur-leanmhainn agus bàis air sgàth ainm Ìosa agus air sgàth an t-Soisgeil. Bha earbsa aca ann am Facal Dhè, bha earbsa aca ann an Ìosa, bha earbsa aca ann an gràdh agus gràs Dhè a dh'aindeoin an cuid mì-thuigse.

Mar sin, bu chòir earbsa bhith againn gum b' urrainn do Dhia ar cleachdadh airson obair na Rìoghachd, fiù 's mura h-eil sinn a' tuigsinn a h-uile puing mu dhiadhachd agus rùintean Dhè. Chan eil sin a' ciallachadh nach eil feum againn air leughadh a' Bhìobaill agus meòrachadh air facal Dhè mar a tha againn anns na Sgrìobtairean – bu chòir dhuinn an dà chuid a dhèanamh, gun teagamh sam bith (Salm 119, 2 Timòeus 2:15) – ach gu bheil comas Dhè nas àirde na ar mì-thuigse, agus bu chòir dhuinn

earbsa a chur ann an sin, seach nar teagamhan.

An dara rud, bu chòir dhuinn bhith iriosal. Cha bu chòir dhuinn bhith ro chinnteach às ar cuid bheachdan agus ar cuid ghliocais. Mura robh na rudan seo soilleir do Pheadar agus Anndra agus Eòin, am bu chòir dhomh-sa bhith rag-bharaileach agus dogmatach mu mo chuid tuigse fhèin? No am bu chòir dhomh bhith iriosail, le inntinn agus cridhe fosgailte don tuigse agus ghliocas aig daoine eile, agus ag earbsach gum bi Dia ga fhoillseachadh fhèin dhomh a-rèir a thoil-san, a-rèir Fhacail-san, agus chan ann a-rèir gliocas an duine.

Ma dh'fhaoidte nach robh na deisciobail a' tuigsinn a h-uile rud cho luath, ma dh'fhaoidte nach fhaca iad a h-uile rud cho soilleir aig an toiseach. Ach bha earbsa aca ann an cumhachd facal an Tighearna, am Facal a chunnaic iad ann am feòil nam measg agus a chuala iad a' searmonachadh an t-Soisgeil dhaibh. Bha an inntinnean agus an cridheachan fosgailte don Spiorad agus mar sin rinn iad obair agus chuir iad an cèill am Facal ann an dòighean a tha fhathast gar brosnachadh às dèidh dà mhìle bliadhna. Agus nach e obair mhath a bha sin o dhaoine a bha air an cur troimh-chèile cho tric, agus nach e cofhurtachd a tha sinn dhuinne, a tha air ar cur troimh-chèile ceart cho tric nar latha fhèin?



## AM FEAR-DEASACHAIDH

Ma tha sibh airson naidheachdan no beachdan a chur dhan Sgioba Deasachaidh, faodar post-d a chur gu [sneddon.duncan@gmail.com](mailto:sneddon.duncan@gmail.com).

## Bàrdachd

### *Rann bho Àrd-Rìgh na Flathais*

le Màiri Nic a' Phearsain, Bean Torra Dhamh

Chan eil là tha mi 'g èirigh  
Nach eil gathannan aoibhneis do ghràidh,  
Air am measgadh le caoimhneas,  
Ùr gach madainn is oidhche 's gach tràth: –  
Drùchd do dhealt a nì saibhir  
M' anam airceil chum òighreachd nan gràs,  
Far an seinnear led chloinn-sa  
Laoidhean molaidh sior-chliùthachadh d' ainm.

### *An Eaglais Fhalamh*

Le Dòmhnall E Meek

Bha na suidheachain falamh san eaglais an-dràs'd',  
far am b' àbhaist na daoine bhith 'g adhradh le gràdh:  
gun seinn is gun fhonn, bu lom bha an t-àit',  
's am beagan a bh' againn gun fhacal ga ràdh.

Bha mo chridhe fo smalan, is m' aigne fo sgàil,  
's mi 'g ionndrainn gach caraid bha taiceil nam spàirn;  
le eagal a' ghalair cha robh anam an làth'r,  
ach am beagan a bh' againn gun fhacal ga ràdh.

Ach an sin thàinig Facal bho labhraiche gràis  
le teachdaireachd fhallain is maise on àird',  
mun Abstol bha taingeil anns gach gainntir is càs,  
's am beagan a bh' againn, fhuair facal nar cràdh.

Ged bha 'n t-Abstol cho fad' air a sgaradh bho chàch,  
bha iadsan tighinn faisg air le coibhneas is bàidh;  
na ùrnaigh 's na chuimhne bha aoibhneas is gràdh,  
's cha b' e beagan a bh' aige, ach an talamh 's a làn.

Sin chunnaic mi ainglean 's iad a' tighinn a-bhàn,  
's a' lionadh gach cathair bha falamh is fàs,  
's na mìltean 's na ceudan a' gleusadh an dàin,  
's am beagan a bh' againn, bha sinne nam pàirt.

Ged tha suidheachain falamh san eaglais an-dràs'd',  
tha nèamh agus talamh air an ceangal gu bràth,  
is chì sinn an latha bhios an galar dol bàs -  
is am beagan a th' againn gu neartmhor a' fàs.

Latha na Sàbaid  
3.1.2021

## Adhbhar gàire

Bha Màiri Nic a' Phearsain na bàrd spioradail anns an 18mh linn, agus a rèir aithris, rinn i còrr is deich air fhichead laoidhean, ged nach eil ach seachd dhaibh air an glèidheadh dhuinn an-diugh. Chan ann a-mhàin gun robh sàr-chomas bàrdail aice, ach bha inntinn gheur is èibhinn aice cuideachd. Tha an sgeulachd a leanas mar fhreagairt do cheistear na sgìre a thuirt rudeigin mu bhoireannaich.

“Och na boireannaich a tha sibh ann!” thuirt e.  
“Cìod e a-nis tha sinn a' dèanamh?” dh'fhaighnich Màiri.  
“Bha mìle dhiubh aig Solamh agus cha robh tè mhath nam measg,” ars e.  
“Ta, a dhuine, chan eil sin a' cur dad a dh'iongnadh ormsa.”  
“Carson sin?” dh'fhaighnich an ceisteir.  
“An saoil sibh fhèin: bean mhath sam bith, an gabhabh i fear aig an robh mìle?”

## Ùrnaigh

A Dhè as àirde,

tha sinn a' toirt taing dhut airson d' Fhacail:  
D' Fhacal a leughas sinn anns na Sgrìobtairean,  
D' Fhacal a chruthaich a h-uile nì,  
D' Fhacal a chaidh a dhèanamh na fheòil agus  
a ghabh còmhnaidh nar measg air an talamh.  
Fosgail ar sùilean, ar cluasan agus ar cridheachan,  
agus bi sinn beò ann an solas d' Fhacail,  
agus gu am faigh sinn misneachd fhoillseachadh  
do ar coimhearsnaich.

**Amen.**